



Ceistean

Thoir sùil air paragraf 1.

1. (a) Beachdaich air structair nan seantansan sa pharagraf seo.
(b) Dè a' bhuidh a th' aig structair mar seo?
2. (a) Dè tha thu a' mothachadh a tha sònraichte mun dòigh sa bheil am paragraf seo a' tòiseachadh?
(b) Ciamar a tha seo èifeachdach?

Thoir sùil air paragraf 5.

3. “*le blàthachadh deoch oirre*”
Dè tha an abairt seo ag innse dhuinn?

Thoir sùil air paragraf 6.

4. (a) Dè am meatafor a tha a' nochdadh sa pharagraf seo?
(b) Dè a' bhuidh a th' aig a' mheatafor seo?

Thoir sùil air paragraf 7.

“*Rinn e gàire fuar, socair*”

5. Ciamar a tha na briathran seo èifeachdach ann a bhith a' togail dealbh dhuinn air nàdar an dràibheir?

6. “Leig às a’ chàr mi sa charachadh! Leig às mi! Fosgail na dorsan!”

(a) Dè an innleachd sgrìobhaidh a tha air a chleachdadh an seo?

(b) Dè a’ bhuidh a th’ aig an innleachd sgrìobhaidh seo?

Thoir sùil air paragraf 12, loidhne 3 agus 4.

7. (a) Dè an innleachd sgrìobhaidh a tha air a chleachdadh an seo?

(b) Dè a’ bhuidh a th’ aig an innleachd sgrìobhaidh seo?

Thoir sùil air paragraf 13, loidhne 4 agus 5.

8. (a) Dè an innleachd sgrìobhaidh a tha air a chleachdadh an seo?

(b) Dè a’ bhuidh a th’ aig an innleachd sgrìobhaidh seo?

9. (a) Dè tha thu a’ mothachadh a tha sònraichte mun pharagraf seo?

(b) Ciamar a tha seo èifeachdach?

Thoir sùil air paragraf 14.

10. Thoir seachad eisimpleir de dh’fhacal no abairt a tha a’ dèanamh soilleir don leughadair gu bheil eagal air Naomi.

11. “Suas an staran. Sìos an staidhre. Suas an tranntsa”

Dè tha thu a’ mothachadh a tha sònraichte mun structair a tha an sgrìobhadair a’ cleachdadh airson am pìos seo den sgeulachd a chur an cèill.

12. (a) Dè tha thu a’ mothachadh a tha sònraichte mun dòigh sa bheil am paragraf seo a’ crìochnachadh?

(b) Ciamar a tha seo èifeachdach?

- 13. Nad fhaclan fhèin, inns carson a tha aire Naomi air “cò bha aig an doras”.**

- 14. A bheil thu a’ meas tiotal na sgeulachd freagarrach? Mìnich do fhreagairt.**